

Facal-toisich – Mun cheisteachan seo

'S e a th' ann an sgrùdadh-sgoile nuair a tha daoine a' tadhal air sgoil airson faicinn mar a tha cùisean a' dol agus mar a dh'fhaodadh iad a bhith fiù 's nas fheàrr. Ann an Alba, tha sgrùdaidhean-sgoile gan dèanamh le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh (luchd-sgrùdaidh sgoiltean).

Tha luchd-sgrùdaidh sgoiltean a' beachdachadh air dèanamh atharrachaidhean ri mar a thathar a' sgrùdadh sgoiltean. Tha sinn ag iarraidh air inbhich agus clann is daoine òga am beachdan is beachd-smuainean a chur thugainn.

Tha beachdan is beachd-smuainean chlann is dhaoine òga glè chudromach dhuinn ann a bhith gar cuideachadh gus cumadh a thoirt do sgrùdaidhean-sgoile san àm ri teachd.

Tha an ceisteachan seo prìobhaideach. Tha sin a' ciallachadh nach bi fios aig duine sam bith gum b' ann bhuatsa a thàinig na freagairtean.

Na innis dhuinn d' ainm, ainm na sgoile agad no ainmean do charaidean no do thidsearan.

Chan eil sinn ag iarraidh ach faighinn a-mach dè tha thu a' smaointinn agus a' faireachdainn – chan e idir cò thu.

Aig deireadh a' cheisteachain seo, cha bhi sinn a' cur ach dà cheist a bharrachd gus ar cuideachadh na freagairtean uile a gheibh sinn bho chlann is daoine òga a chur ann am buidhnean. 'S iad an dà cheist sin:

- càit a bheil thu ag ionnsachadh (mar eisimpleir, ann am bun-sgoil, ann an àrd-sgoil no ann an colaiste) agus

- cò an sgìre ann an Alba far a bheil thu a' fuireach (mar eisimpleir, tha mi a' fuireach ann am Fìobha)

Tapadh leat airson coileanadh a' cheisteachain seo.

Earrann 1 - Dè bhios luchd-sgrùdaidh a' coimhead air a shon nuair a tha iad a' sgrùdadh sgoiltean?

Nuair a tha luchd-sgrùdaidh a' tadhal air sgoil, bidh iad a' coimhead aig iomadh diofar nì gus fìor dheagh thuigse fhaighinn air mar a tha clann is daoine òga ag ionnsachadh agus mar a tha luchd-teagaisg gan cuideachadh. A bharrachd air sin, tha luchd-sgrùdaidh ag iarraidh faighinn a-mach mu dheidhinn nan eòlasan uile a th' aig clann is daoine òga ann an sgoil.

Bu mhath leinn faighinn a-mach dè na nithean as cudromaiche, nad bheachd-sa, air am bu chòir do luchd-sgrùdaidh sùil a thoirt ma tha iad a' tadhal air an sgoil agad.

1.1 Thoir sùil air an liosta gu h-ìosal agus innis dhuinn dè cho cudromach 's a tha gach fear dhutsa. Tagh aon de na roghainnean airson gach freagairt. Mura h-eil fios agad, tagh an roghainn 'Chan eil mi cinnteach'.

Nithean san sgoil	Cudromach 	Chan eil cudromach 	Chan eil mi cinnteach 
Ciamar a tha àrainneachd na sgoile gad chuideachadh a bhith ag ionnsachadh?	☐	☐	☐
Cò ris a tha e a' faireachdainn a bhith san sgoil agad — coibhneas, meas, agus luachan na sgoile?	☐	☐	☐
Ciamar a thathar a' toirt taic don h-uile duine san sgoil a bhith a' dèiligeadh ri chèile gu ceart agus a bhith modhail?	☐	☐	☐

Nithean san sgoil	Cudromach 	Chan eil cudromach 	Chan eil mi cinnteach 
Ciamar a tha an sgoil agad gad chumail sàbhailte agus dìonta?	☐	☐	☐
Dè cho math 's tha do chòraichean gan coileanadh?	☐	☐	☐
Dè cho math 's a tha an sgoil agad a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' gabhail a-steach a h-uile duine, ge bith dè na feumalachdan no cùl-raon a th' aca?	☐	☐	☐
Dè cho math 's tha thu a' faighinn taic a bhith a' gabhail cùram de, agus a' cur piseach air, do shlàinte is sunnd?	☐	☐	☐
Dè agus dè cho math 's a tha thu ag ionnsachadh san sgoil?	☐	☐	☐
Dè cho math 's a tha thu a' faighinn taic a thaobh coileanadh san obair-sgoile is ionnsachadh agad?	☐	☐	☐
Dè an taic a tha thu a' faighinn gus cumail ort a' cur piseach air an ionnsachadh agad?	☐	☐	☐
Dè cho math 's a tha coimpiutairean is teicneòlas gan cleachdadh gus do chuideachadh a bhith ag ionnsachadh?	☐	☐	☐

Nithean san sgoil	Cudromach 	Chan eil cudromach 	Chan eil mi cinnteach 
Dè cho math 's a tha an sgoil agad ag obair le daoine eile a bhios a' toirt taic dhut – leithid nursaichean, luchd-comhairle no ceannardan club an-dèidh sgoile?	☐	☐	☐
Dè cho math 's a tha an sgoil agad a' toirt taic dhut nuair a tha thu a' gluasad do dh'ìre ùr aig sgoil (mar eisimpleir, tòiseachadh san àrd-sgoil)?	☐	☐	☐
Dè cho math 's a tha thu ag ionnsachadh sgilean beatha cudromach leithid obair-sgioba agus fuasgladh cheistean?	☐	☐	☐
Dè cho math 's a tha an sgoil agad a' cleachdadh fios air ais is fiosrachadh gus cumail orra a' dol am feabhas?	☐	☐	☐
Ciamar a tha thusa, an luchd-teagaisg agad agus do phàrantan ag obair còmhla gus cuideachadh ann a bhith a' cur piseach air an sgoil?	☐	☐	☐
Dè cho math 's a tha an sgoil agad ga ruith agus ga stiùireadh?	☐	☐	☐

1.2 A bheil raointean cudromach ann, nad bheachd-sa, nach eil a' nochdadh san liosta agus air am bu chòir do luchd-sgrùdaidh sùil a thoirt nuair a tha iad a' tadhal air sgoil? Ma tha, nach sgrìobh thu do bheachd-smuainean sa bhogsa gu h-ìosal.

Earrann 2 - Daoine a tha an sàs ann an sgrùdaidhean-sgoile

Saoil gun robh luchd-sgrùdaidh a' tadhal air an sgoil agad.

Bhiodh iad airson faighinn a-mach dè tha ag obair gu math agus dè dh'fhaodadh a bhith fiù 's nas fheàrr.

Gus an cuideachadh seo a dhèanamh, bidh diofar dhaoine an sàs ann an sgrùdadh sgoile.

Bidh clann is daoine òga a' toirt seachad am beachdan gus am faod luchd-sgrùdaidh tuigsinn cò ris a tha sgoil coltach air an son.

Bidh stiùirichean na sgoile, leithid an ceannard no an leas-cheannard, a' bruidhinn ris an luchd-sgrùdaidh, bidh iad an sàs ann an coinneamhan, agus uaireannan bidh iad a' tadhal air clasaichean còmhla ri luchd-sgrùdaidh.

Faodaidh daoine eile a tha ag obair ann am foghlam, ach nach eil aig an sgoil a thathar a' sgrùdadh (mar eisimpleir, luchd-obrach bho sgoil eile no bhon chomhairle ionadail) pàirt a ghabhail ann an sgrùdadh-sgoile le bhith a' com-pàirteachadh ann an còmhraidhean no a' tadhal air clasaichean.

Agus mu dheireadh,

Inbich bhon choimhearsnachd nas fharsainghe aig a bheil diofar obraichean (nach eil ann am foghlam), agus a tha a' fuireach no ag obair sa choimhearsnachd. Tha iad air an trèanadh a dh'aon-ghnothach gus taic a thoirt do luchd-sgrùdaidh agus gus stèidh-amhairc eile a thoirt seachad ann an sgrùdadh-sgoile.

Bu mhath leinn do bheachd a chluinntinn air mar a tha na diofar dhaoine seo an sàs ann an sgrùdadh sgoile.

Nach tagh thu aon fhreagairt.

2.1 A bheil thu den bheachd gur e deagh rud a th' ann gum bi clann is daoine òga a' cuideachadh luchd-sgrùdaidh a bhith a' tuigsinn dè cho math 's a tha an sgoil agad a' dèanamh rè sgrùdaidh na sgoile agad?

- ☐ Tha
- ☐ Chan eil
- ☐ Chan eil mi cinnteach

2.2 A bheil thu den bheachd gur e deagh nì a th' ann gum bi àrd-luchd-obrach san sgoil agad (leithid an ceannard no an leas-cheannard) an sàs rè sgrùdadh na sgoile agad? (Mar eisimpleir, a' gabhail pàirt ann an còmhraidhean a bhios aig daoine san sgioba-sgrùdaidh agus a' tadhal air clasaichean.)

- ☐ Tha
- ☐ Chan eil
- ☐ Chan eil mi cinnteach

2.3 A bheil thu den bheachd gur e deagh nì a th' ann gum faod inbhich a tha ag obair ann am foghlam cuideachadh ann an sgrùdadh na sgoile agad? (Mar eisimpleir, a' gabhail pàirt ann an còmhraidhean a bhios aig daoine san sgioba-sgrùdaidh agus a' tadhal air clasaichean.)

- ☐ Tha
- ☐ Chan eil
- ☐ Chan eil mi cinnteach

2.4 A bheil thu den bheachd gur e deagh nì a th' ann gum faod inbhich eile nach eil ag obair ann am foghlam cuideachadh ann a bhith a' sgrùdadh na sgoile agad? ('S e daoine às a' choimhearsnachd a th' annta seo, le obraichean eile, a tha comasach air stèidh-amhairc eile a thoirt seachad mun sgoil.)

- ☐ Tha
- ☐ Chan eil
- ☐ Chan eil mi cinnteach

Earrann 3 - Dè cho tric 's a thathar a' sgrùdadh sgoiltean

Bu mhath leinn do bheachd a chluinntinn air cia mheud turas (dè cho tric) 's a bu chòir gum bi sgoiltean gan sgrùdadh.

3.1 San àm ri teachd, dè cho tric, nad bheachd-sa, a bu chòir dhuinn sgoil a sgrùdadh? Tagh an aon fhreagairt as fheàrr, nad bheachd-sa.

- ☐ Co-dhiù aon turas gach 10 bliadhna
- ☐ Co-dhiù aon turas gach 7 bliadhna
- ☐ Co-dhiù aon turas gach 5 bliadhna
- ☐ Chan eil mi cinnteach

3.2 A bheil beachd eile agad air dè cho tric 's a bu chòir gum bi sgrùdaidhean-sgoile a' tachairt? Ma tha, nach sgrìobh thu do bheachd-smuainean sa bhogsa gu h-ìosal.

Beachd

Earrann 4 - Cuin a thathar ag innse do sgoiltean gu bheil luchd-sgrùdaidh a' tighinn

Is àbhaist gum bi luchd-sgrùdaidh sgoiltean ag innse don sgoil mu dhà sheachdain gu leth mus tig iad chun na sgoile.

Bu mhath leinn do bheachd a chluinntinn air cuin a thathar ag innse do sgoiltean gum bi luchd-sgrùdaidh a' tighinn.

4.1 Ma tha luchd-sgrùdaidh a' tighinn don sgoil agad, cuin a bu chòir, nad bheachd-sa, gum bithear ag innse do cheannard na sgoile? Tagh an aon fhreagairt as fheàrr, nad bheachd-sa.

- ☐ Mu 2 latha ro-làimh - dìreach gu leòr airson ullachadh
- ☐ Mu 2 sheachdain gu leth ro-làimh – co-ionann ri mar a tha e an-dràsta
- ☐ Mu 3 no 4 seachdainean ro-làimh – beagan ùine a bharrachd airson ullachadh
- ☐ Bu chòir dha a bhith diofaraichte airson gach sgoil, a rèir dè tha a' tachairt
- ☐ Chan eil mi cinnteach

Earrann 5 - Fiosrachadh mus tachair sgrùdadh-sgoile

Saoil gu bheil luchd-sgrùdaidh sgoiltean a' tadhal air an sgoil agad.

Mus tig iad, bidh iad a' faighneachd de dhiofar dhaoine dè tha a' dol gu math agus dè dh'fhaodadh a bhith nas fheàrr. Mar eisimpleir, thathar an-còmhnaidh a' faighneachd den cheannard, de sgoilearan agus de phàrantan am beachdan a thoirt thugainn mus tachair an sgrùdadh-sgoile.

Bu mhath leinn do bheachd a chluinntinn air mar a bhios luchd-sgrùdaidh sgoiltean ag iarraidh air diofar dhaoine am beachdan a thoirt seachad mus tig iad chun na sgoile, agus na dòighean as fheàrr sam faodadh iad beachdan nan sgoilearan a tha aig an sgoil a chluinntinn.

Nach tagh thu aon fhreagairt

5.1 A bheil thu den bheachd gur e deagh nì a th' ann gum bi ceannard na sgoile agad ag innse do luchd-sgrùdaidh dè tha a' dol gu math, nam beachd-san, agus dè dh'fhaodadh a bhith nas fheàrr mus tòisich an sgrùdadh-sgoile?

- ☐ Tha
- ☐ Chan eil
- ☐ Chan eil mi cinnteach

5.2 A bheil thu den bheachd gur e deagh nì a th' ann a bhith a' faighneachd de sgoilearan san sgoil agad dè tha a' dol gu math, nam beachd-san, agus dè dh'fheumar a leasachadh mus tòisich an sgrùdadh-sgoile?

- ☐ Tha
- ☐ Chan eil
- ☐ Chan eil mi cinnteach

5.3 Dè an dòigh a b' fheàrr, nad bheachd-sa, airson luchd-sgrùdaidh a bhith a' faighinn a-mach bho sgoilearan dè tha iadsan a' smaointinn mu dheidhinn na sgoile aca mus tig iad chun na sgoile? Faodaidh tu barrachd is aon de na roghainnean a thaghadh.

- ☐ Ceisteachan
- ☐ Còmhradh
- ☐ Uidheam air-loidhne airson do bheachd-smuaineann a thoirt seachad
- ☐ Chan eil mi cinnteach
- ☐ Eile – nach sgrìobh thu do bheachd-smuaineann sa bhogsa gu h-ìosal

Beachd

Earrann 6 - Mar a tha luchd-sgrùdaidh a' toirt seachad cunntas air dè cho math 's a tha sgoil a' dèanamh

Ann an Alba, nuair a tha luchd-sgrùdaidh a' tadhal air sgoil, bidh iad a' sgrìobhadh aithisg airson innse dè tha an sgoil a' dèanamh gu math agus dè dh'fhaodadh a bhith nas fheàrr.

Bidh luchd-sgrùdaidh sgoiltean a' cleachdadh aon fhacal airson cunntas a thoirt seachad air dè cho math 's a tha diofar phàirtean na sgoile a' dèanamh. Thathar ag ràdh 'rangan' ris na faclan seo.

Is iad na faclan seo:

Sàr-mhath, Glè mhath, Math, Riarachail, Lag, no Neo-riarachail

Bu mhath leinn do bheachd a chluinntinn air mar a bhios luchd-sgrùdaidh a' cleachdadh nam faclan seo (rangan) gus cunntas a thoirt seachad air dè cho math 's a tha diofar phàirtean na sgoile a' dèanamh.

6.1 A bheil thu den bheachd gur e deagh nì a th' ann gu bheil luchd-sgrùdaidh sgoiltean a' cleachdadh rangen de dh'aon fhacal airson cunntas a thoirt seachad air dè cho math 's a tha sgoil a' dèanamh an dèidh dhaibh tadhal oirre?

- ☐ Tha
- ☐ Chan eil
- ☐ Chan eil mi cinnteach

6.2 Ma tha luchd-sgrùdaidh sgoiltean a' sgur de chleachdadh rangen de dh'aon fhacal gus cunntas a thoirt seachad air dè cho math 's a tha sgoil a' dèanamh, dè dh'fhaodadh iad a dhèanamh an àite sin gus aithris air dè tha ag obair gu math ann an sgoil agus dè dh'fhaodadh a bhith na b' fheàrr? Nach sgrìobh thu do bheachd-smuainean sa bhogsa gu h-ìosal.

Beachd

Earrann 7 - Mar a bhios clann is daoine òga a' faighinn a-mach dè thuirt luchd-sgrùdaidh sgoiltean

An dèidh tadhal air sgoil, bidh luchd-sgrùdaidh sgoiltean a' sgrìobhadh litir gu pàrantan is luchd-cùraim gus innse dhaibh dè fhuair iad. Bidh iad cuideachd a' sgrìobhadh aithisg airson na sgoile gus an cuideachadh an sgoil a dhèanamh nas fheàrr.

Bu mhath leinn do bheachd a chluinntinn air na dòighean as fheàrr airson clann is daoine òga a bhith a' cluinntinn dè smaointich luchd-sgrùdaidh mun sgoil aca an dèidh an sgrùdaidh.

7.1 A bheil thu den bheachd gur e deagh nì a th' ann gum biodh luchd-sgrùdaidh ag ullachadh aithisg airson chlann is daoine òga an dèidh sgrùdadh na sgoile aca, airson innse dhaibh dè tha a' dol gu math agus dè dh'fheumar leasachadh san sgoil aca?

- ☐ Tha
- ☐ Chan eil
- ☐ Chan eil mi cinnteach

7.2 Dè an dòigh a b' fheàrr, nad bheachd-sa, airson luchd-sgrùdaidh innse do chlann is daoine òga dè cho math 's a tha an sgoil aca a' dèanamh an dèidh an sgrùdadh-sgoile? Faodaidh tu barrachd is aon de na roghainnean a thaghadh.

- ☐ Litir
- ☐ Aithisg
- ☐ Bhidio a tha a' mìneachadh dè fhuair an luchd-sgrùdaidh
- ☐ Chan eil mi cinnteach
- ☐ Eile – nach sgrìobh thu do bheachd-smuainean sa bhogsa gu h-ìosal

Beachd

Earrann 8 - Iar-sgrùdaidhean-sgoile agus taic an dèidh làimhe

Uaireannan, ma tha luchd-sgrùdaidh a' faighinn gu bheil tòrr nithean sam feum sgoil a bhith a' dèanamh nas fheàrr, faodaidh iad tilleadh nas anmoiche gus faicinn dè tha air dhol am feabhas.

Bu mhath leinn do bheachd a chluinntinn air luchd-sgrùdaidh a bhith a' tilleadh gus faicinn dè tha air dhol am feabhas ann an sgoil, agus air sgoilearan an sàs ann a bhith a' sealltainn dè tha air atharrachadh.

8.1 A bheil thu den bheachd gur e deagh nì a th' ann gum bi luchd-sgrùdaidh a' tilleadh don sgoil agad gus faicinn an deach gnothaichean am feabhas, ma bha tòrr raointean ann a dh'fheum a bhith na b' fheàrr?

- ☐ Tha
- ☐ Chan eil
- ☐ Chan eil mi cinnteach

8.2 A bheil thu den bheachd gur e deagh nì a th' ann gum bi sgoilearan an sàs ann a bhith a' cuideachadh luchd-sgrùdaidh a bhith a' tuigsinn dè chaidh am feabhas, ma dh'fheumas iad tilleadh don sgoil agad a-rithist?

- ☐ Tha
- ☐ Chan eil
- ☐ Chan eil mi cinnteach